

## Thug mi ‘n oidhche ‘n raoir sunndach

### Rann 1

**Thug mi ‘n oidhche ‘n raoir sunndach beatadh dlùth ris a’ chàladh,**

I spent last night happily sailing near to the harbour  
**Gus an d’ ràinig mi ‘n t-àite far an d’ fhàg mi mo leannan.**  
Until I reached the place where I left my sweetheart.

**Fhuair mis’ i ‘s i pòsta ri fear òg aig a’ bhaile,**  
I found her married to a young man of the town,  
**Le snaidhm daingeann nach fhuasgail dh’ fhàg truagh mi rim mhaireann.**

With a firm knot that can't be unbound that left me forlorn forever.

### Rann 2

**‘S truagh nach robh mi ‘s mo leannan ann an gleannan a’ cheòbain’**

What a pity that myself and my sweetheart weren't in the misty glen

**No an iomall na coille far an goireadh an smeòrach;**  
Or on the edge of the forest where the thrush would call;  
**Bhiodh mo làmh, a ghaoil, tharad,'s mo cheart air' air do phògadh,**

My hand, my love, would be around you, my full attention on kissing you,  
**'S an làmh eil', a ghaoil, sìnte fod chùl snìomhain donn, bòidheach.**

And the other hand, my love, spread under your beautiful, curled brown hair

### Rann 3

**Ach ma chaidh thu, ghaoil, thairis, 's nach leannan thu dhomh-sa,**

But if you have gone over, my love, and are no longer my sweetheart,

**Gun cluinn mi ga aithris, gur neach air deagh dhòigh thu,**  
I will hear it said that you are a well mannered person,  
**Le crodh druimionn is guailionn air do bhuaile mar chòmhlà:**

With white-backed and white-shouldered cattle together in your fold;

**Nighean eile gan cuallach, 's thusa fuaigheal ad sheòmar.**  
Another girl tending them and you sewing in your room.

### Rann 4

**Mo mhallachd air gach duine, rinn ar cumail o chèile;**

My curses on each person that kept us from each other

**Tha mi 'm bliadhna 's an uiridh fo mhulad mud dhèidhinn;**

I am this year and last sad about it;

**An toll chaidh am chridhe, cha dèan lighichean feum da,**

The hole made in my heart, doctors are unable to cure,

**Gus an tèid mi 'san anart, is mo sparradh na dèile.**

Until I go in the shroud and am nailed under the boards.

**Thug** – took; spent; **oidhche** – night; **raoir** – last; **sunndach** – happily; **beatadh** – beating, sailing; **dlùth** – close; **chàladh** – harbour; **ràinig** – arrived; **àite** – place; **fhàg** – left; - **leannan** – sweetheart; **Fhuair** – found; **pòsta** – married; **fear** – man; **òg** – young; **bhaile** – town; **snaidhm** – knot; **daingeann** – firm; **fhuasgail** – unbind; **fhàg** – left; **truagh** – forlorn; **mhaireann** – lasting; lifetime;

**truagh** – pity; **gleannan** – small glen; **cheòbain'** – misty; **iomall** – border, edge; **coille** – wood; **goireadh** – calling; **smeòrach** – thrush; **làmh** – hand; **ghaoil** – love; **tharad** – over you, around you; **cheart** – right, full; **air'** - attention **phògadh** – kissing; **eil'** – other; **sìnte** – spread; **fod** – under; **chùl** – back; **snìomhain** – curled hair; **donn** – brown; **bòidheach** – beautiful;

**chaidh** – went; **thairis** – over; **nach** – not; **dhomh-sa** – mine; **cluinn** – hear; **aithris** – report; **neach** – person; **deagh** – good; **dhòigh** – mannered; **crodh** – cattle; **druimionn** – white-backed; **guailionn** – white-shouldered; **bhuaile** – cattle fold; **chòmhlà** – together; **Nighean** – girl; **eile** – other; **cuallach** – tend cattle; **fuaigheal** – sewing; **sheòmar** – room;

**mhallachd** – curses; **gach** – each; **duine** – person; **rinn** – made; **cumail** – kept; **o chèile** – each other; **bliadhna** – year; **uiridh** – last year; **mhulad** – sad; **dhèidhinn** – about; **toll** – hole; **chaidh** – went; **chridhe** – heart; **dèan** – do; **lighichean** – doctors; **feum** – able; **tèid** – go; **anart** – shroud; **sparradh** – nailed; **dèile** – board;